







# Ar Facail Sealladh Seillein


The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

Le Bun-sgoil Thorntree agus Magic Torch Comics






Tha sinn a' cuideachadh gus na flùraichean agus am feur a tha a' fàs timcheall air a' Phàrlamaid a phoileanachadh. Agus chionn 's gu bheil uimhir de mheanbh-fhrìdean ann, tha eòin dhùthchasach air an tàladh ann cuideachd!



Tha bogsaichean-eun againn dhaibh.

Tha ialtagan ann cuideachd, ach bidh na seilleanan uile a' cadal air an oidhche 's le sin cha bhi sinn air ar n-ithe le ialtagan ro thrìc. Nach math sin!



Chan e seilleanan a-mhàin a tha a' fuireach timcheall air a' Phàrlamaid.

Chleachd an t-Argas Donn Tuathach a bhith a' fuireach ann an Dùn Èideann, timcheall air Suidhe Artair. Sin an t-aon àite san t-saoghal air fad anns an robh iad.

Bha a h-uile duine dhen bheachd gun do bhàsaich iad uile bho chionn 130 bliadhna.




Beagan bhliadhnaichean air ais, chaidh càraid dhiubh a lorg sna gàrraidhean. Smaoinich air sin! Air ais an dèidh còrr is ceud bliadhna!




'S e Grian-ròs am biadh as fheàrr le burrasan...

... 's air sàilleabh sin chuir na daoine feadhainn air mullach an togalaich far nach fhaigh ach na meanbh-fhrìdean thuca.



Tha an gàrradh air a chur le craobhan, mheasan agus luibhean, dìreach mar a bhiodh e nuair a bhiodh Diùc Queensberry a' fuireach san t-seann taigh.


An-diugh, tha na luibhean air am buain agus air an cleachdadh ann am biadh nam Ball Pàrlamaid, luchd-obrach na Pàrlamaid agus anns a' chafaidh phoblach.




Tha a' Phàrlamaid a' dèanamh rudan eile gus an àrainneachd a chuideachadh.

Mar eisimpleir, chan eil mise a' faicinn uimhir de chupannan cofaidh sna bionaichean is a chleachd mi.

Agus tha iad gu math measail air cofaidh a-staigh an sin. Feumaidh gu bheil iad ag ath-chleachdadh nan cupannan aca...



Dìreach coltach ris na sgeapan, tha a' phàrlamaid a' dèanamh oidhirp air an teas a ghleidheadh nas fheàrr... Ann an cuid de sheòmraichean cha tig an solas air ach nuair a tha daoine ann... is thèid iad dheth nuair nach eil duine a-staigh ann.



Tha a' Phàrlamaid air a togail ri taobh Suidhe Artair, bhòlcàno marbh...

...domhainn fon talamh tha e fhathast teth. Chan eil sinn a' cleachdadh na cumhachd sin...fhathast!






Ach tha sinn a' cleachdadh uisge bho shìos an sin.

Chan eil e glan gu leòr airson òl ach faodar a chleachdadh anns na lòin...



...no anns na taighean-beaga.

Fluissssss



Airson an tuilleadh a leughadh mu sheillein agus bith-iomadachd aig Pàrlamaid na h-Alba, dèan sgan air a' chòd QR le fòn no tablaid.

[@scotparl](http://www.facebook.com/scottishparliament)  
[www.parliament.scot](http://www.parliament.scot)  
0131 348 5000